

CAILLEACH AN DEACON

Fionnlagh MacLeoid

Chuir mi seachad greis de dh'fheasgar comhla ris bho chionn dha na thri laithean agus ged a tha e air sarachadh fhaighinn anns a' ghreis ud le teine-de bha an teanga cho geur 's a bha i a' riamh.

Bha an t-uisg a cuir deann as an talamh 's na cait a-staigh comhla rinn anns an dachaigh a tha e air a dheanamh an airde as ur bhos cionn Loch Odhar an Grabhair.

An garradh mar is abhaist a' bruchdadh le sitheanan is lusan de gach seorsa oir tha fasnadh boidheach aca shìos anns an t-slag fon an rathad. Dh'fhalbh mise agus cruaic dhiubh agam fom achlais.

Fad a bheatha cha robh e a' riamh ann an ospadal gus na chuir an teine-de ann an turas ud e. Ach dh'innis e dha na doctoran gun tainig na tonsils as. "Air bord kitchen taigh tac ann an Canada." Chan eil e a' smaoinichadh gun chreid iad e. Ach 's iad a

dh'fhaodadh. Bha caraid aige na surgeon a rinn dha an 'asgaidh e. Dh'fhoignich iad dhan a' chaillich am faodadh iad. "Thuir i, matha sibh a dh'fhaodas. Aon uair 's gun faigh mi seachad a' bhraicaist."

Cha do bhruidhinn sinn torr air a' Chaillich an turas seo seach gun robh sinn air uiread a dheanamh oirre roimh seo co-dhiu. Gun chord i ri daoine a cluinntinn air. Aithris na Maidne madainn an election. 'Se bha uiread dhuinn a' cluinntinn nam briathran a tha dhuinn mar chomharr air fealla-dha — "Nise cuimhnichibh g'eil election a' tighinn as t-Earrach. Uill, eil fhios agaibh, mar a cuir sibh mise a-steach an trup-sa..."

Dh'innis Murchadh eachdraidh fhein anns an leabhar a chuir sinn a-mach troimh Clo-Beag an 1979, agus b'e sin a eachdraidh a bha inntinneach a h-innse. Bha a bheatha gle chlotach ri beatha nam balaich eile a rugadh anns na h-Eileanan aig toiseach na linne. Thug e cunntas air oige an Grabhair, an dachaigh, a' sgoil, an eaglais.

Chaidh e a Chanada comhla ri leithidinn fhein 's bho thill e tha e air a bhith an 'cois lot is caoirich.

"Bha m'athair . . . bha e uamhasach geur, an rud a chanadh e . . . Ach a nis, mo mhathair . . . bha i, mar gun canadh tu, a' ploy an comhnaidh. Bha inntinn aotrom innte. Agus bha sin feumail dhi leis na thachair rithe. Bha tri duine deug a chlann aice. Chail iad a' cheud teaghlach leis a' ghriulach is leis an trathach.

"Bha m'athair samhach, ach gus bith de an taobh a thigeadh ise air, bha freagairt aige dhi. Nuair a thigeadh air, reactadh e air ais. Bha feusag air sios gu broilleach. Leughadh e Gaidhlig. Sheinneadh e . . . bha na foinn aige. Ach cha leughadh e Beurla idir . . . cha robh e ann an 'sgoil a riamh.

"Nuair a chaidh mi dhan sgoil an toiseach tha mi smaoinichadh gun e feileadh air a dheanamh de chlo a bh'orm. Agus geansaidh. Cas-ruisgt. Gheibheadh sinn brogan toiseach a' gheamhraidh.

"Cha robh cail a dhith biadh oirnn . . . Anns a' mhadainn bha lit is bainne againn mus fhalbhadh sinn dhan sgoil . . . uaireanan pros, an duine a thogradh a ghabhail. Agus bainne. Treiceal uaireanan. Nise aig tìde a phleadha, bha sinn a' tighinn dhachaidh. Se pios de dh'aran-corc le im, no im is gruth . . . sin an diathad gus an tilleadh sinn dhachaidh as a' sgoil. Ach a nise aig an taigh, bhithheadh buntata is iasg, no buntata is foil nam bitheadh sinn air molt a mharbhadh, no rud mar sin. Oeh, cha robh cail a dhith oirnn de bhìadh idir.

"La na Sabaid? O, sin a' latha a b'uamhasaiche gu leir. Mo chreach. Bha goirseachadh againn roimh'n t-Sabaid . . . Chan fhaigheadh sinn cothrom dìreadh chun a' rathaid, gun luaidh air a choir. Bha sinn dìreach mar gum bitheadh sinn ann an concentration camp . . . Na ceistean gan cuir oirnn. Agus dh'fheumadh iad a bhith againn no . . . a Gaidhlig. Leabhar Cheist na Mathair . . . Bha siud a' dol air adhart co-dhiu. Cha robh dol-as bhon siud."

Ach gu fortanach cha do mhuch cail a bha sin mac-meanmainn Mhurchaidh agus chaidh e air adhart gus cruthachadh na Caillich. Bha a' Chailleach dha na meadhon gus steir a thoirt air cuid mhor de na cuspairean a bu dluithe dha agus a bhuin ris na eirigh suas. Le comhdach eirmseach orra bha dol aige air ionnsaidh a thoirt air na cleachdaidhean a bha mu thimcheall. Agus cha ghabhadh an cuspair a bhith na bu dluithe ri doigh-beatha is creideamh nan daoine na bha e.

Tha liut air a' chomhradh a tha feir boidheach mar is tric. Mar i fhein 's an Deacon: "Ach nam

bithinn air posadh Mac Mhollaich a Geocrab.

Nam bitheadh, ars e bhithheadh tu na do bhantraic diugh.

Ma-tha, arsa mis, 's ioma ri bhithinn ann nas miosa na sin.

Chaidh, ars esan, a thachd na mise cluinntinn, le pancak

"Thoisich mi a' deana cailleach, feir mar a th'ann an d'fhein . . . bean taigh. Rinn-

based air na cailleachan a bhith a' dol dhan eaglais an seo fhe

"Bha an t-aodach gu leir orra uairsin . . . an aon uniform. 'S a Marabhaigh a thainig an Nighean a dh'aithnichean a th'Agus am blouse . . . se cailleach Crosbost. Agus an guailleach . . . le cailleach a Grabhair. iongantach mura tig an crowd oidhcheigin a dh'iarraidh an stuff.

"Tha a' ghruag gu bhith finis Dh'fheumainn gruag eile fhaigh

"Chan eil fhios agam a bhe comhradh ro cholach ri comhcaillich. Bhithinn a riamh smaoinichadh, eil fhios agad, robh an comhradh cho aosd ri aodach. Ach co-dhiu . . . cha an corr ann a dheanainn dheidhinn.

"Bhithinn a bruidhinn air V bho thoiseach. Bhithinn ag radh O, ach se Wick. Agus nua chanadh! Nise, ged a chan Fraserburgh no Ceann Phachan fhaigh mi laugh airson sin. can Wick! Chan eil fhios am ca a tha seo. 'S dh'fheuch mi Yarm . . . a' dol gu iasgach Shasain lean mi nua an coast. 'S dh'fhe mi Thurso . . . 'S chaidh mi a' gu Wick. Dh'fhuirich mi aig co-dhiu. Se Wick, mar gun ca tu, na headquarters . . . Sar Wick a choinnich i Mac Mhollaich.

"S iomadh turas a tha iad ag rium . . . Tuitidh tu marb a stage sin fhathast. Plaig timcheall seo fhein. Agus aig an am nuair a dh'innisinn dhaibh a' a thuir mi bhithheadh iad cruai gaireachdain. Bhithheadh iad ag rium . . . Cha bu choir dhut a' a' dol chun nan concertan. Eil agad . . . an fheadhainn 'mhath fheadhainn 'mhath' a th'ann diugh tha iad cho modern fhein. Chan eil dragh aca.

"Bha mi toilichte, riarraicht a bheath. Cha robh mi riam gearain mar a bhithheadh cuise tachart . . . Cha chreid mi deidhinn air ais idir . . . teagamh, na faighinn air a dh'ais cha bhithheadh cusean mar iad. Dh'atharraichinn torr de r . . . mo bheatha fhein. Na mis a rinn mi . . . Ach tha mi cinn gun deanainn feadhainn eile!

"Uill, mar a cuir sibh mi steach . . .



A' feitheamh ri toiseachadh.

Dealbh le Gus Wylie